

**BÒRD NA GÀIDHLIG**  
**PLANA CÀNAIN NÀISEANTA GÀIDHLIG 2017-2022**  
**CO-CHOMHAIRLEACHADH POBLACH**

**FREAGAIRT BHON OLLAMH ROBERT DUNBAR**  
**OLLAMH NA CEILTISE**  
**OILTHIGH DHÙN ÈIDEANN**

Tha mi a' cur fàilte bhlàth air Dreachd Plana Nàiseanta na Gàidhlig a dheasaich Bòrd na Gàidhlig agus a chaidh a sgaoileadh air 17 Gearran 2017. Tha an t-uamhas anns an dreachd seo a tha feumail. An toiseach, tha mi dhen bheachd gu bheil na prìomh-amasan gu buileach freagarrach—meudachadh a chur an sàs anns na th' ann de dhaoine a tha a' labhairt, ag ionnsachadh agus a' cleachdadh na Gàidhlig ann an Alba. Mar an ceudna, tha mi dhen bheachd gu bheil 'Ur n-amas' (tdg. 6) glè fhreagarrach: tha iomhaigh dheimhinneach airson na Gàidhlig, meudachadh ionnsachadh na Gàidhlig, agus fàs ann an cleachdadh na Gàidhlig deatamach. Gu dearbha, nam bharrail, tha cleachdadh na Gàidhlig cho cudromach is a ghabhas, agus ged a thathas feumach air leasachaidhean a thaobh ionnsachadh na Gàidhlig, tha dìth cleachdaidh fhathast gur dòcha an cnap-starra as motha a th' aig a' Ghàidhlig san latha an-diugh. Gun chothroman, agus adhbharan Gàidhlig a chleachdadh, cha bhi e cho furasta ionnsachadh, co-dhiù ann am broinn taighean luchd-labhairt na Gàidhlig, sna sgoiltean àrd-sgoiltean agus oilthighean, no ann an ionadan ionnsachaidh inbheach, a bhrosnachadh.

A thaobh cumadh a' Phlana, tha e ciallach amas, prìomh raointean, agus gealltanasan ainmeachadh mu choinneamh gach cuspair a nochdas sa Phlana (is neònach, ge-tà, nach ionnan an tionndadh Gàidhlig is am fear Beurla: tha sibh a-mach air 'amas, cuspairean, prìomh raointean, agus gealltanasan' sa Ghàidhlig, agus dìreach 'aim, priority areas and commitments' sa Bheurla (tdg. 6). Ach, bhiodh am Plana mòran na bu làidire nan robh earrann aig toiseach a' Phlana anns a bheilear ag ainmeachadh nan dùbhlain as motha mu choinneamh na cànain. 'S e na laigsean as motha anns an dreachd Plana, nam bharrailsa, nach eil sealladh ro-innleachdail gu leòr air cùlaibh a' Phlana. Air sàilleibh sin, tha fada cus 'prìomhachasan'—mar a chanadh cuid, ma tha leth-cheud prìomhachasan agad, chan eil 'prìomhachas' sam bith agad—agus tha cus dhe na gealltanasan agus cuid mhath dhe na prìomhachasan fada ro lom agus mì-shoilleir. Nan robh barrachd soilleireachd mu na prìomh dhùbhlain, tha amharas agam gum biodh faobhar na bu ghèire air.

Nam bharrail, tha gu leòr fianaise againn ri ràdh gur e na leanas am measg nan dùbhlain as motha an-dràsta. An toiseach, tha a' Ghàidhlig na shuidheachadh èiginneach anns na h-Eileanan an Iar, an aon sgìre air fhàgail far a bheil luchd-labhairt na Gàidhlig fhathast sa mhòr-chuid. A dh' ainneoin sin, tha àireamhan luchd-labhairt na Gàidhlig às a' cheud air tuiteam gu mòr, agus an-dràsta, tha na h-àireamhan le Gàidhlig agus gun Ghàidhlig cha mhòr co-ionnan. Tha rannsachadh a rinneadh le Sabhal Mòr Ostaig air sealltainn gu bheil tar-chur thar ginealaich ('intergenerational transmission') dhen Ghàidhlig ann an Siabost glè lag, agus is soilleir nach eil a' Ghàidhlig aig ach mion-chuid dhen òigridh anns na h-eileanan. Anns an suidheachadh seo, tha sinn feumach air plana èiginneach airson na Gàidhlig anns na h-eileanan. Mar phàirt de phlana èiginneach, bhiodh e cudromach a ghluasad gu sgiobalta gu

suidheachadh far am faigh gach sgoilear foghlam tro mheadhan na Gàidhlig. Bhiodh e deatamach planaichean reachdail Gàidhlig bhuidhnean poblach a tha stèidhichte anns na h-eileanan, leithid Comhairle nan Eilean Siar no Bòrd Slàinte nan Eilean, agus buidhnean eile le meuran anns na h-eileanan, leithid Riaghaltas na h-Alba, a dhèanamh fada nas làidire, gu sònraichte a thaobh sheirbhisean dhan phoball, gus am bi iad uile a' tabhann sheirbhisean gu buileach dà-chànanach, le bhith cur an cèill gu bheil còir aig daoine seirbhis sam bith fhaighinn tro mheadhan na Gàidhlig. Bu chòir dha na planaichean seo dleasnas a chur air na buidhnean seo cleachdadh nan seirbhisean Gàidhlig a bhrosnachadh am measg an t-sluaigh (prionnsabail ris an canar 'active offer' sa Bheurla). A thaobh bhuidhnean anns an roinn phrìobhaidich no shaor-thoilich, ged nach eil Achd na Gàidhlig a' buntainn riutha gu dìreach, tha fada a bharrachd a ghabhadh dèanamh leotha gus cleachdadh na Gàidhlig anns na seirbhisean agus anns an dearbh-aithne poblach aca mheudachadh, agus bu chòir dhan Bhòrd a bhith ag obair fada nas dèine leotha air seo. Ged nach eil rannsachadh gu leòr againn air seo, is coltach nach cleachd ach glè bheag de bhuidhnean sa roinn phrìobhaidich no shaor-thoilich mòran Gàidhlig ann an soidhnichean, sanasan no seirbhisean, rud a tha a' daingneachadh gu mòr cumhachd na Beurla sna h-eileanan. Mu dheireadh, tha na h-iomairtean coimhearsnachd aig CNAG feumail, ach tha cruaidh-fheum air barrachd oifigearan le barrachd ghoireasan gus cleachdadh na Gàidhlig, gu h-àraid am measg òigridh, a bhrosnachadh.

'S e an darna dùbhlàn cor na Gàidhlig ann am bailtean, nam measg na bailtean as motha, leithid Ghlaschu agus Dhùn Èideann agus na sgìrean bailteil mun cuairt orra, bailtean meadhanach, leithid Inbhir Nis, agus bailtean nas lugha na sin, leithid a' Ghearasdain, Phort Rìgh, agus an Òbain. Tha àireamhan cuimseach àrd de luchd-labhairt na Gàidhlig, gu leòr luchd-ionnsachaidh, agus cuid dhe na sgoiltean agus ionadan Gàidhlig as motha san dùthaich ri fhaighinn anns na bailtean seo. Ach, a dh' ainneoin sin, tha an luchd-labhairt sin glè bheag, ann an àireamhan às a' cheud, agus gu math sgaipte bho chèile, a' ciallachadh nach eil mòran chothroman aig luchd-labhairt a' Ghàidhlig a chleachdadh ro thrì. Coltach ris na h-eileanan, tha na h-iomairtean coimhearsnachd aig CNAG a' dèanamh feum anns na bailtean far a bheil oifigear, ach tha feum againn air barrachd oifigearan le barrachd ghoireasan. Nam bharrail, 's e an leasachadh as cudromaiche ionadan Gàidhlig a stèidheachadh, coltach ris an fheadhainn airson na Gaeilge a tha ri fhaighinn ann am Beul Feirste agus Doire, agus an fheadhainn airson na Cuimris a tha ri fhaighinn ann an diofar àitean sa Chuimrigh, àitean far an tèid aig luchd-labhairt na Gàidhlig coinneachadh ri chèile gu sòisealta, agus a bhios mar làr-ionad na coimhearsnachd bailteil.

'S e an treas dùbhlàn sgilean cànanach agus cleachdadh bhun-sgoilearan, àrd-sgoilearan, oileanach, agus inbheach eile a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig aca (agus 'leth luchd-labhairt', no 'semi-speakers', feadhainn a thogadh gu ìre leis a' Ghàidhlig ach nach eil gu buileach cofhurtail ann a bhith ga bruidhinn) a neartachadh. Tha fhathast tòrr dhaoine air feadh Alba aig a bheil fìor dheagh chomasan sa Ghàidhlig, agus tha fhathast sgìrean sna h-eileanan far an cluinnear a' Ghàidhlig air bilean mòran aig ìre na coimhearsnachd. Bu chòir dhuinn a bhith a' cur seo gu feum. Gheibhear deagh eisimpleirean ann an Èireann, mar eisimpleir, far a bheil daoine a' neartachadh nan sgilean aca ann an 'colaistean samhraidh' sa Ghaeltacht. Bheireadh a leithid buaidh mhòr air eaconamaidh choimhearsnachdan dùthchail sna h-eileanan agus ann an àitean eile sa Ghàidhealtachd, agus bheireadh sin fìor dheagh bhuaidh air sgilean cànanach sgoilearan agus luchd-ionnsachaidh eile. B' fhiach e sùil a thoirt air prògraman leithid 'Bun is Bàrr', ann an Alba Nuaidh, far a bheil luchd-ionnsachaidh òga a tha air tomhas math de dh'fhileantachd a ruigsinn—tàilleabhaich ('apprentices')—ag obair le luchd-labhairt fileanta le sàr sgilean cànanach—maighstirean ('masters')—gus loinn a thoirt air Gàidhlig nan tàilleabhach. Agus, tha cruaidh-fheum air ro-innleachd shònraichte airson

luchd-ionnsachaidh inbheach, agus oifigearan agus goireasan eile a bhios deatamach an ro-innleachd a chur an gnìomh. Thathas a' tuigsinn gun deach mòran obrach a dhèanamh air a' leithid, ach bu chòir fada a bharrachd a bhith anns a' Phlana Nàiseanta mu dhèidhinn.

Bha beagan phuingean eile agam mu oilthighean, ach leis mar an deach na puingean sin a dhèanamh ann am freagairtean eile anns an robh mi an sàs (bho Board of Celtic Studies Scotland agus Roinn na Ceiltis & Eòlas na h-Alba, Oilthigh Dhùn Èideann), cha toir mi iomradh air na puingean sin sa fhreagairt seo.

Mu dheireadh, ged a tha mi toilichte gu bheil earrannan anns an dreachd Plana mu na h-ealain (m.e. tdg 15, 16), tha sinn feumach air ro-innleachd ùr, susbainteach. Tha e na adhbhar dragh gun deach Pròiseact nan Ealan à bith, rud a dh'fhàg beàrn mhòr ann an structaran leasachaidh againn. Tha cuid dhe na h-iomairtean a chaidh ainmeachadh san earrann air tdg. 15 is 16 ag obair gu ìre mhòir tro mheadhan na Beurla; ged a tha iad a' dèanamh obair ionmholta ann an iomadh dòigh gus cultar a tha ceangailte ris a' Ghàidhlig gu h-eachdraidheil a neartachadh, tha e cuideachd cudromach a bhith a' leasachadh iomairtean cultarach agus iomairtean anns na ealain a tha a' cleachdadh na Gàidhlig mar chànain àbhaisteach na h-iomairt. Agus ged a thathas a' toirt iomradh air foillsichearan agus sgrìobhadairean Gàidhlig—tha iad seo cho cudromach is a ghabhas—bu chòir dhan Phlana aithneachadh a thoirt do leughadairean, cuideachd, agus na h-iarrtasan agus feumannan aca. Tha mòran a' tachairt ann an sgrìobhadh Gàidhlig, ach tha beàrnan mòra ann, cuideachd.

Tha mi an dòchas gum bi an fhreagairt seo feumail dhuibh anns an obair chudromaich agaibh, agus gun tèid gu math, math leibh ann a bhith a' cur dreach deireannach air a' Phlana Nàiseanta.

Is mise le meas,

An t-Oll. Robert Dunbar,  
17 Cèitean 2017